

A' dèanamh an diofair

A' tòiseachadh bliadhna sgoile ùr



An uair a tha clann a' tòiseachadh bliadhna sgoile ùr no a' gluasad bho sgoil-àraich gu bunsgoil, no bunsgoil gu àrdsgoil, tha eòlasan agus cothroman ùra fon comhair. Ma dh'fhaoidte gum bi feum aca cuideachd air barrachd taic aig na h-amannan seo. Faodaidh pàrantan, luchd-cùraim agus buill teaghlaich clann a chuideachadh gus deasachadh airson nan atharrachaidhean agus fàs cleachdte ri cùisean nas luaithe.

Le bhith a' faighinn a-mach nas urrainn dhuibh mu rèiteachaidhean na sgoile, faodaidh sibh an leanabh agaibh a chuideachadh ann a bhith a' gluasad gu rèidh chun na h-ath ìre dhen fhoghlam aca.

Càit am faigh mi fiosrachadh pragtaigeach?

Mus tòisich a' bhliadhna sgoile ùr, tha sgoiltean a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh ceart agaibhse agus aig an leanabh agaibh. Gu math tric tha iad a' cur a-mach fiosrachadh feumail ann am bileagan-naidheachd no a' fiathachadh phàrantan gus coinneachadh ri neach-teagaisg ùr an leanaibh aca agus barrachd fhaighinn a-mach mun sgoil.

Ma dh'fhaoidte gum faigh sibh cuideachd lethbhreac de leabhar-iùil na sgoile – no faodaidh sibh lethbhreac iarraidh air an sgoil. Mar sin, bu chòir gum biodh freagairtean agaibh don chuid as motha de na rudan a tha sibhse agus an leanabh agaibh airson fhaighinn a-mach.

- An latha sgoile – Cuin a tha an sgoil a' tòiseachadh sa mhadainn? Dè an uair aig a bheil an leanabh agam deiseil air an fheasgar? Cuin a tha àm dìnnearach ann?
- Còda èididh – Dè na pìosan dhen èideadh sgoile air a bheil feum? Càit am faigh mi air an ceannach? Dè na dh'fhaodadh iad a chosg?
- Cur-seachadan as dèidh na sgoile – Dè a tha ri fhaotainn: spòrs agus cur-seachadan eile? A bheil cluba obair-dachaigh ann a dh'fhaodas an leanabh agam a fhrithealadh?
- Fiosrachadh mu thaic a tha ri fhaotainn – A bheil an leanabh agam airidh air còmhdhail an asgaidh, biadh sgoile an asgaidh no cosgaisean aodaich? Ciamar a gheibh mi a-mach mun deidhinn?
- Ma tha feumalachdan ionnsachaidh a bharrachd aig an leanabh agam – Dè na rèiteachaidhean a tha ann airson taic a bharrachd?

Ma tha sibh mi-chinnteach mu rud sam bith, cuiribh fios air an sgoil.

Dè a tha a' tachairt tron bliadhna sgoile ùir?

Ma dh'fhaoidte gum bi feum air leabhraichean agus uidheamachd eadar-dhealaichte air làithean diofraichte. Ma tha an leanabh agaibh anns an àrdsgoil bidh clàr-ama clasa ùr aca. Bheir an sgoil dhuibh fiosrachadh mu chinn-latha chudromach agus tachartasan sgoile rè na bliadhna leithid oidhcheannan phàrant, cuairtean sgoile, cuairtean clasa agus mar sin air adhart.

Cuid a cheumannan a bhios sibh 's dòcha airson a ghabhail aig toiseach na teirm:

- Bruidhinn ris an leanabh agaibh mu na tha romhpa agus na dh'fhaodadh a bhith diofraichte
- Gabhail ri iomagainean agus draghan a dh'fhaodadh a bhith aig an leanabh agaibh agus taic a thairgsinn
- Àite a chur ma seach far an tèid agaibh air ròs a chumail air tachartasan sgoile leithid bòrd-nota no mìosachan a bhios na inneal cuimhneachaidh feumail don teaghlach gu lèir
- Le bhith a' taisbeanadh lethbhreac de chlàr-ama an leanaibh agaibh aig an taigh, faodaidh e ur cuideachadh gus rudan a chur nan cuimhne – leithid leabhraichean no èideadh spòrs a thoirt leotha
- Le bhith a' brosnachadh an leanaibh agaibh gu bhith a' cur air dòigh na tha a dhith orra airson na sgoile gach latha, faodaidh sin an cuideachadh a thaobh bar-rachd uallaich a ghabhail.

Dè a bhios an leanabh agam ag ionnsachadh?

An uair a ghluaiseas an leanabh agaibh gu clas no sgoil ùr, cuiridh an sgoil mar as trice fiosrachadh a-mach air na cuspairean a bhios an leanabh agaibh ag ionnsachadh. Cuidichidh seo sibh gus bruidhinn ris an leanabh agaibh mu na tha iad ag ionnsachadh.

Ma dh'fhaoidte gun tèid ur fiathachadh chun na sgoile far am faigh sibh a-mach bar-rachd agus far an tog sibh beachdan air mar a dh'fhaodas sibh cuideachadh. Mura h-urrainn dhuibh a dhol ann, iarraibh air an sgoil comhairle phragtaigeach a chur thugaibh air mar a chumas sibh taic ris an leanabh agaibh aig an dachaigh. Cuidichidh seo sibh gus am feum as fheàrr a dhèanamh dhen ùine agaibh – agus bidh e na fhior cuideachadh don leanabh agaibh a thaobh ionnsachadh.

Ciamar as urrainn dhomh an leanabh agam a chuideachadh gus fàs cleachdte ri cùisean?

Cuid a cheistean a bhiodh sibh 's dòcha airson fhaighneachd don leanabh agaibh:

- ▶ Ciamar a chaidh cùisean san sgoil an-diugh? (a' phrìomh cheist agus a' cheist fhòl-laiseach)
- ▶ Dè na rudan ùra agus diofraichte a tha a' còrdadh no nach eil a' còrdadh riutha?
- ▶ A bheil dad sam bith ann mu bheil iad mì-chinnteach no a tha a' dèanamh dragh dhaibh?
- ▶ Ciamar a tha iad a' faireachdainn mun a' ghluasad chun a' chlas no chun na sgoile ùire aca?


Tha coinneamhan sgoile agus oidhcheannan phàrant nan deagh chothroman airson barrachd fhaighinn a-mach mu ciamar a tha an leanabh agaibh a' fàs cleachdte ri cùisean agus airson faighneachd do luchd-teagaisg dè as urrainn dhuibhse a dhèanamh gus cuideachadh. Faodaidh seo cuideachd a bhith na chothrom coinneachadh ri pàrantan eile agus ionnsachadh bho na h-eòlasan aca.

Ma tha dragh oirbh mu rud sam bith tha e cudromach gun leig sibh fios chun na sgoile agus gun cuir sibh air dòigh bruidhinn ri cuideigin – chan fheum sibh feitheamh chun na h-ath choinneimh aig an sgoil.



Dè am fiosrachadh a bu chòir dhomh a thoirt seachad don sgoil?

Tha e cuideachail innse dhan sgoil ciamar a leigeas iad fios thugaibh fhèin no don teaghlach agaibh, agus mu dheidhinn atharrachaidhean a tha a' tachairt tron bhliadhna. Faodaidh sibh cuideachd fiosrachadh sam bith mun leanabh agaibh, a tha sibh a' smaoinneachadh a bu chòir a bhith aig an sgoil, a thoirt dhaibh, leithid fiosrachadh mu thinneasan, cur-seachadan/ùidhean, cò a thogas bhon sgoil iad agus mar sin air adhart. Tha e a' cuideachadh na sgoile gus an leanabh agaibhse a chuideachadh.



Dualan agus ceangalaichean feumail

Tha earrann air làrach-lìn an ùghdarras ionadail agaibh gu sònraichte mu dheidhinn foghlam agus saor-làithean. Gheibh sibh fiosrachadh feumail leithid cinn-latha teirme agus saor-làithean sgoile, tachartasan sònraichte, agus àireamhan agus seòlaidhean airson sgoiltean. Tha cuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' tairgsinn stiùireadh sònraichte mu bhith a' tòiseachadh bliadhna sgoile ùr. Tha ceangalaichean aig Parentzone ri làraich-lìn nan ùghdarrasan ionadail uile.

Parentzone – www.parentzonescotland.gov.uk

BBC Pàrantan – www.bbc.co.uk/schools/parents

Teaghlaidhean Aon Phàrant Alba

13 Ceàrnag Gayfield, Dùn Èideann EH1 3NX

Fòn: 0800 018 5026 www.opfs.org.uk

Aonad-Phàrant – www.parentscentre.gov.uk

Loidhne-Phàrant Alba

Fòn: 0808 800 2222 – www.children1st.org.uk/parentline

Lìonra Phàrant Alba

Fòn: 0131 555 6780 – www.parentnetworkscotland.org.uk

Enquire (An t-seirbheis chomhairle Albannach airson tuilleadh taic airson ionnsachadh)

Loidhne-cuideachaidh: 0845 123 23 03 Fòn-teacsa: 0131 222 2439

Seo an còigeamh bileag ann an sreath. Tha i a' soilleireachadh am fìor dhìofar a dh'fhaodas agus a tha pàrantan a' dèanamh ann an ionnsachadh an cuid chloinne. Còmhla ri comhairle ionadail a gheibh sibh air na dòighean-obrach a tha aig sgoil an leanaibh agaibh, tairgidh an t-sreath seo tuilleadh fiosrachaidh a chuidicheas sibh gus a dhol an sàs nas motha ann am foghlam an leanaibh agaibh. Tha bileagan foill-sichte eile ann air Obair-dachaigh, A' roinneadh fiosrachadh, oidhcheannan Phàrant agus Làithean-saora sgoile. Tha an t-sreath cuideachd a' toirt a-steach stuthan airson sgoiltean agus luchd-teagaisg air na cuspairean seo.

Ma tha sibh airson fios a leigeil thugainn, nuair a chuspairean a mholadh airson bileagan eile san àm ri teachd, feuch gun tadhail sibh air **www.parentzonescotland.gov.uk** Bidh a' bhileag seo ri faotainn ann an cànanan coimhearsnachd agus ann an riochdan diofraichte bhon fheadhainn a chì sibh san sgoil no air làrach-lìn Parentzone.

Chaidh an t-sreath seo a dheasachadh ann am com-pàirt ris an Aonad Càileachd ann am Foghlam (Oilthigh Srathchluaidh) agus Clann ann an Alba.



SCOTTISH EXECUTIVE